

Cor na Gàidhlig ann an Gàidhealtachdan na h-Èireann *Iain Mac an Tàilleir,*
16:11:23

Às dèidh don mhòr chuid de dh'Èirinn fèin-riaghaladh a chosnadh chaidh sgrùdadh a ghabhail os làimh feuch dè na sgìrean anns an robhar a' bruidhinn Gàidhlig. Ann an 1926 chaidh sgìrean a chomharrachadh anns an robh co-dhiù 25% de mhuinntir na sgìre a' bruidhinn Gàidhlig no comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, ach bha sgìrean eile na bu laige na sin air an sònrachadh mar Ghàidhealtachd agus cha robh na crìochan air an tarraing soilleir gu leòr.

Ann an 1956 bha inbhe Gàidhealtachd sgìrean far an robh a' Ghàidhlig air crìonadh air a toirt bhuapa, ach bha crìochan nan sgìrean a bh' air fhàgail air an tarraing gu soilleir. Ann an 1967 chaidh dà cheàrnaidh bheag ann an taobh an ear na dùthcha, a bh' air an tuineachadh le luchd na Gàidhlig às an taobh an iar, a chur ri liosta nan Gàidhealtachdan agus a thoradh air brùthadh poileataigeach chaidh ceàrnaidhean eile a chur riutha ann an 1974 ged a bha an cànan air crìonadh gu mòr annta.

Ann am prionnsapal b' i a' Ghàidhlig cànan nan Gàidhealtachdan agus b' i cànan na sgoile agus nam poileas – ma bha sgoil agus poilis ann – ach glè thric bhiodh na seirbheisean eile air an liubhairt tro mheadhan na Beurla. Bha buannachdan an lùib a bhith a' fuireach ann an Gàidhealtachd oifigeil, m.e. tabhartasan taigheadais agus suim airgid mu choinneimh gach pàiste a bha ga thogail le Gàidhlig, ach bha feadhainn de na sgìrean oifigeil anabarrach beag a thaobh àrainn is sluaigh agus air sàillibh sin gann de sheirbheisean co-dhiù. Bha na Gàidhealtachdan air an sgaradh bho chèile mar a tha am map seo a' taisbeanadh, agus bha e doirbh Gàidhealtachd choileanta a chruthachadh. A thuilleadh air sin, bha dòigh beatha iomadach Gàidhealtachd glè choltach ri dòigh beatha sgìrean Galltachd an ath dhoras.

Chaidh sgrùdaidhean a dhèanamh, gu sònraichte bho na 1990an a-mach, air crìonadh na Gàidhlig anns na sgìrean tradaiseanta a dhearbhadh nach fhada tuilleadh a bhiodh a' Ghàidhlig beò mura tigeadh atharrachaidhean mòra air na structaran taice. Sheall Cunntas-sluaigh 2011 gun robh neart na Gàidhlig anns na diofar Ghàidhealtachdan air lagachadh gu mòr agus gun robh an suidheachadh na cùis-imcheist do na h-ùghdarrasan 's do bhuidhnean cànan.

Ann an 2012 chaidh Achd na Gàidhealtachd tron Phàrlamaid a shònraich 26 Sgìrean Planadh Cànan a dhealbhadh planaichean a fhreagradh air cor

cànanach gach sgìre fa leth le beachdan ùghdarrasan oifigeil, muinntir nan sgìrean agus eòlaichean ann am planadh cànan. Seall air: <https://udaras.ie/an-ghaeilge-an-ghaeltacht/limisteir-pleanala-teanga/>

A rèir Cunntas-sluaigh 2016 bha beagan na bu lugha na 20,000 duine le Gàidhlig a' fuireach anns na sgìrean planaidh uile gu lèir, agus bha neart na Gàidhlig aig ìrean glè eadar-dhealaichte bho sgìre gu sgìre, mar a chithear anns an liosta seo shìos. Às na 26 sgìrean, cha robh mòr chuid le Gàidhlig ach ann an sia dhiubh anns an robh 7,450 de luchd na Gàidhlig a' fuireach, no dìreach 37% de mhuinntir na Gàidhealtachd a' fuireach ann an sgìrean far an robh a' Ghàidhlig aig a' mhòr chuid. Fiù 's anns na sgìrean sin, b' ann air èiginn (50.8%) a bha mòr chuid Ghàidhlig ann an sgìre Ghaoth Dobhair-Rann na Feirste-Anagaire-Loch an Iúir.

Sgìrean planaidh a rèir neart na Gàidhlig



Siorrachdan

- CI = Ciarraí
- CO = Corcaigh
- DL = Dún na nGall
- GA = Gaillimh
- MI = An Mhí
- MO = Maigh Eo
- PL = Port Láirge

DL Toraigh – 74.6% of 119 daoine uile gu lèir = 75 daoine le Gàidhlig

GA Ceantar na nOileán – 71.7% of 2,118 = 1,519


GA An Cheathrú Rua – 65.1% of 781 = 508

GA Oileáin Árann – 57.4% of 1,226 = 704

GA Conamara Láir – 56.2% of 2,935 = 1,649

DL Gaoth Dobhair, Rann na Feirste, Anagaire, Loch an Iúir – 50.8% of 5,895 = 2,995

GA Cois Fharraige – 48.2% of 6,259 = 3,017
DL Árainn Mhór – 47.2% of 469 = 221
DL Cloich Chionn Fhaola – 39.6% of 4,042 = 1,601
CI Ciarraí Thiar – 28.7% of 6,948 = 1,994
PL Na Déise– 26.9% of 1,816 = 489
CO Cléire – 24.8% of 147 = 36
CO Múscaí – 23.1% of 3,785 = 874
DL An Ghaeltacht Láir – 21.9% of 1,595 = 349
MI Ráth Chairn & Baile Ghib – 15.9% of 1,857 = 295
GA Dúiche Sheoigheach & Tuar Mhic Éadaigh – 13.8% of 3,185 = 440
DL Dún na nGall Theas – 10.9% of 3,036 = 331
DL Tuaisceart Dhún na nGall – 9.1% of 2,818 = 256
MO Maigh Eo Theas – 8.6% of 2,088 = 180
MO Maigh Eo Thuaidh – 8.1% of 7,199 = 583
GA Maigh Cuilinn – 7.0% of 4,470 = 313
CI Ciarraí Theas – 6.9% of 1,808 = 125
GA Bearna & Cnoc nan Cathrach – 5.9% of 11,696 = 690
DL Na Rosa – 5.3% of 5,372 = 285
GA An tEachréidh – 2.9% of 7,999 = 232
GA Cathair na Gaillimhe Thoir – 2.9% of 7,800 = 226
Map nan sgírean planaidh



DL Dùn na nGall	8 sgìrean planaidh le neart na Gàidhlig eadar 74.6% is 5.3% annta
MO Maigh Eo	2 sgìre phlanaidh le neart na Gàidhlig eadar 8.6% is 8.1% annta
GA Gaillimh	10 sgìrean planaidh le neart na Gàidhlig eadar 71.7% is 2.9% annta
CI Ciarraí	2 sgìre phlanaidh le neart na Gàidhlig eadar 28.7% is 6.9% annta
CO Corcaigh	2 sgìre phlanaidh le neart na Gàidhlig eadar 24.8% is 23.1% annta
PL Port Láirge	1 sgìre phlanaidh le neart na Gàidhlig aig 26.9% annta
MI An Mhí	1 sgìre phlanaidh le neart na Gàidhlig aig 15.9% annta
<i>Gu nàiseanta</i>	<i>26 sgìrean planaidh le neart na Gàidhlig eadar 74.6% is 2.9% annta</i>

Sgìrean planaidh a rèir siorrachd

CI Ciarraí – 2,119 daoine le Gàidhlig

Ciarraí Thiar – 28.7% of 6,948 daoine uile gu lèir = 1,994 daoine le Gàidhlig

Ciarraí Theas – 6.9% of 1,808 = 125

CO Corcaigh - 910 daoine le Gàidhlig

Cléire – 24.8% of 147 = 36

Múscraí – 23.1% of 3,785 = 874

DL Dùn nan Gall – 6,113 daoine le Gàidhlig; 3,070 far a bheil a' Ghàidhlig aig a' mhòr chuid

Toraigh – 74.6% of 119 = 75

Gaoth Dobhair, Rann na Feirste, Anagaire, Loch an Iúir DL – 50.8% of 5,895 = 2,995

Árainn Mhór – 47.2% of 469 = 221

Cloich Chionn Fhaola – 39.6% of 4,042 = 1,601

An Ghaeltacht Láir – 21.9% of 1,595 = 349

Dún na nGall Theas – 10.9% of 3,036 = 331

Tuaisceart Dhún na nGall – 9.1% of 2,818 = 256

Na Rosa – 5.3% of 5,372 = 285

GA Gaillimh – 9,298 daoine le Gàidhlig; 4,380 far a bheil a' Ghàidhlig aig a' mhòr chuid

Ceantar na nOileán – 71.7% of 2,118 daoine = 1,519 daoine

An Cheathrú Rua – 65.1% of 781 = 508

Oileáin Árann – 57.4% of 1,226 = 704

Conamara Láir – 56.2% of 2,935 = 1,649

Cois Fharraige – 48.2% of 6,259 = 3,017

Dúiche Sheoigheach & Tuar Mhic Éadaigh – 13.8% of 3,185 = 440

Maigh Cuilinn – 7.0% of 4,470 = 313

Bearna & Cnoc nan Cathrach – 5.9% of 11,696 = 690

An tEachréidh – 2.9% of 7,999 = 232

Cathair na Gaillimhe Thoir – 2.9% of 7,800 = 226

MI An Mhí - 295 daoine le Gàidhlig

Ráth Chairn & Baile Ghib – 15.9% of 1,857 = 295

MO Maigh Eo - 763 daoine le Gàidhlig

Maigh Eo Theas – 8.6% of 2,088 = 180

Maigh Eo Thuaidh – 8.1% of 7,199 = 583

PL Port Láirge - 489 daoine le Gàidhlig

Na Déise – 26.9% of 1,816 = 489

19,987 daoine le Gàidhlig uile gu lèir annta

7,450 de luchd na Gàidhlig ann an SPCan far a bheil a' Ghàidhlig aig a' mhòr chuid (37%)

12,537 de luchd na Gàidhlig ann an SPCan far a bheil a' Ghàidhlig aig a' mhionchuid (63%)